



## Leasan 14: Boireannach a chaidh a-steach do shìthean

Air ath-innse le Eilidh Rankin

### Tar-sgrìobhadh

O chionn fhada an t-saoghail, bha daoine a' creidsinn gun robh creutairean os-nàdarra ann, ris an canadh iad sìthichean.

Seo sgeulachd a chuala mi bhon an àm sin, mu boireannach a dh'fhàg clann bheag anns an taigh, fhad 's a dh'fhalbh i fhèin a choimhead às dèidh bheothaichean.

Air an t-slighe, thachair i ri duine faisg air àite ris an canadh iad sìthean, far am biodh na sìthichean a' fuireach. Thug e cuireadh dhi a dhol a-steach dhan t-sìthean, agus rinn i sin. Bha an oidhche dorcha, agus cha b' urrainn dhi tilleadh dhachaigh.

An-ath-latha, thuirt na sìthichean rithe gum feumadh i fuireach còmhla riuthasan, a dhèanamh arain dhaibh. Sheall iad dhi ciste mhòr làn mine agus thuirt iad rithe gum feumadh i bhith a' fuine gus am biodh a' chiste falamh.

Thòisich am boireannach bochd air an obair, a' fuine arain dha na sìthichean. Thuirt iad rithe nach bu chòir dhi fiù 's pìos beag dhen fhallaid – sin na bha air fhàgail den fhùr a chleachd i airson bèicearachd – a chur air ais dhan chiste, ach a chumail ann an àite air leth – agus rinn i mar a chaidh iarraidh oirre.

Uill, bha i a' fuine, 's a' fuine, a h-uile latha, ach bha a' chiste fhathast cho làn 's a bha i riamh.

Mu dheireadh thall, fhuair i cuideachadh. Aon latha, cha robh a-staigh còmhla rithe ach aon de na sìthichean, seann bhodach. Thuirt esan rithe, "Tha mi cinnteach, a bhean, gu bheil e a' cur annas ort," ars esan, "nach eil a' chiste falamh?" "Ò, tha," thuirt ise. "Uill," thuirt esan, "An ath thuras a bhios tu a' fuine, cuiridh tu an fhallaid air ais dhan chiste, am measg na mine."

Rinn i sin. An àite a bhith a' cumail na fallaide ann an àite air leth, bha i ga cur air ais dhan mhin – agus thòisich a' mhin a bhith a' dol sìos, beag air bheag, gus mu dheireadh thall, bha a' chiste falamh agus bha an obair aice deiseil. Bhruidhinn i an uair sin ri na sìthichean agus dh'inns i dhaibh nach robh dad air fhàgail anns a' chiste. Bha na sìthichean fiadhaich!

"Ma tha thusa deiseil," thuirt iad, "tha esan deiseil – gu bràth!" agus thionndaidh iad air a' bhodach agus mharbh iad e, air sgàth 's gun do dh'inns e dhi an rùn-dìomhair.

Mar sin, fhuair am boireannach air falbh. Thill i dhachaigh, ach nuair a ràinig i, bha a' chlann bheag a dh'fhàg i air fàs suas. Bha iad a-nise nan athraichean, agus feadhainn aca fiu 's nan seanairean – ach cha robh i fhèin dad na bu shine na bha i an oidhche a dh'fhàg i an taigh!

A bheil sibh a' creidsinn sin? Siud mar a chuala mise e, co-dhiù.